



Stiùireadh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig 2020/21

Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF) 2020/21 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoin

Chaidh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) a stèidheachadh airson ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na Planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh agus taic a chur ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Tha ùghdarrasan poblach cuideachd air taic-airgid fhaighinn tro GhLAIF gus pròiseactan a thoirt gu buil mus fhaigh iad fios foirmeil Plana Gàidhlig a sgrìobhadh.

Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh na h-Alba.

Tha gach sgeama maoinachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear sa [Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-2023](#) agus sa [Phlana Chorporra aig a' Bhòrd](#), 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach orra mus cuir sibh iarrtas maoinachaidh a-steach.

Pròiseactan a gheibhear taic

Tha GLAIF fosgailte airson iarrtasan bho bhuidhnean poblach agus ùghdarrasan ionadail a tha airson na seirbheisean a tha iad a' libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh agus airson a bhith a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig san raon aca. Feumaidh gach iarrtas freagairt a thoirt air mar a bhios am pròiseact a tha fa-near dhaibh a' cur air adhart amasan Plana Gàidhlig an ùghdarrais.

About the Fund

The Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF) was established to help public authorities in the delivery of commitments in their Gaelic Language Plans, and in support of the National Gaelic Language Plan. GLAIF has also been used to assist other public authorities in the delivery of projects ahead of their formal notice to produce a Gaelic Language Plan.

About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

Each Bòrd na Gàidhlig funding programme is based upon the priorities as communicated in the current [National Gaelic Language Plan 2018-2023](#) and the [Bòrd's Corporate Plan](#), and as such it is vital that you are familiar with these documents before you submit your application.

Projects this fund aims to support

GLAIF is open to public bodies and local authorities looking to enhance the services they provide through the medium of Gaelic and to promote the usage of Gaelic within their remit. All applications should reference specifically how they intend the proposed project will further the aims of the authority's Gaelic Language Plan.

Tha sgeama am bliadhna gu sònraichte ag amas air taic a chur ri phròiseactan a tha coileanadh na leanas:

- A' cur ri inbhe, cunbhalachd is faotainneachd na Gàidhlig tro sheirbheisean coitcheann agus conaltradh an ùghdarrais
- A' neartachadh chomasan Gàidhlig, a' cur ri mothachadh Gàidhlig agus a' cruthachadh barrachd chothroman gu Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca
- A' brosnachadh leasachaidh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh' inbhich
- A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg daoine òga

Anns an iarrtas agaibh bhitheamaid a' sùileachadh gum bi sibh a' mìneachadh ciamar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt air aon no barrachd air aon de na h-amasan seo, a thuilleadh air na h-amasan bunaiteach a tha air an ainmeachadh sa [Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23](#):

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig;
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Ann a bhith cur taic ris an iomairt Adhartas nas Luaithe, Tha sinn airson gum bi iarrtasan a' sealltainn mar a bhios iad soirbheachail ann a bhith a' lìbhrigeadh phròiseactan a bhios ùr-ghnàthach agus a bhios a' feuchainn ri com-pàirteachasan a thogail le ùghdarrasan poblach eile, buidhnean agus coimhearsnachdan.

Tha sinn cuideachd airson gu bheil iarrtasan a' toirt fa-near mar as urrainn dhan na phròiseactan aca cur ri comharrachaidhean agus tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta eile, leithid [Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba 2020](#) agus Bliadhna Cholmcille 2021.

This year's scheme would specifically like to support projects that achieve the following:

- Enhancing the quality, consistency and availability of Gaelic through the authority's general services and communication
- Strengthening Gaelic skills, raising awareness of Gaelic and increasing opportunities to use Gaelic among public authorities and their staff
- Promoting development and expansion of Gaelic education (GME & GLE) and Gaelic learning for adults
- Promoting Gaelic usage in the community, especially among young people

In your application we expect you to expand on how your project meets one or more of these aims, as well as the core aims that are identified in the [National Gaelic Language Plan 2018-23](#):

- Increasing Gaelic usage;
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Promoting a positive image of Gaelic

In support of the Faster Rate of Progress initiative, we encourage all applications to identify how their projects will succeed in delivering projects that are innovative and will seek to build partnerships with other public authorities, organisations and communities.

We're also looking for applications to consider how their projects can contribute to other local, national and international celebrations and events, for example [Scotland's Year of Coasts and Waters 2020](#) and the Year of Colmcille 2021.

Bu chòir iarrtasan a tha a' sireadh sìneadh air pròiseact a tha air taic fhaighinn tro GhLAIF a-cheana sealltainn gu soilleir dè na toraidhean a bharrachd a thig à maoinachadh a bharrachd.

Ann a bhith a' measadh an iarrtas agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Inbhe a' phròiseict agus an tagraiche fhèin
- Dè cho math 's a tha am pròiseact a' cur ri amasan Plana Gàidhlig an ùghdarrais
- An ìre de dh' ùr-ghnàthachas air a shealltainn leis a' phròiseict
- Comas a' phròiseict com-pàirteachasan a thogail eadar buidhnean is coimhearsnachdan
- Dè cho làidir is a tha planaichean gus am pròiseact libhrigeadh
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseict

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

Riaghailtean airson Phròiseactan

Co dh' fhaodas tagradh a chur a-steach?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do na h-ùghdarrasan poblach uile, ach le prìomhachas air an fheadhainn a tha a' buileachadh Plana Gàidhlig reachdail, ag ullachadh Plana Gàidhlig reachdail, no a th' air fios fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gun tèid iarraidh orra Plana Gàidhlig reachdail ullachadh.

Faodaidh sgoiltean agus buidhnean leth-eisimeileach aig ùghdarrasan poblaich iarrtas a chur a-steach, ach bithear an dùil gum bi iad a' sealltainn mar a bhios am pròiseact aca a' cur ri amasan Plana Gàidhlig an ùghdarrais/nan ùghdarrasan poblach leis a bheil iad.

Faodaidh buidhnean barrachd air aon iarrtas a chur a-steach ma thogras iad, ach bidh am Bòrd ag amas air taic a chumail ri caochladh bhuidhnean poblach air feadh Alba. Mar sin, bu chòir nì sam bith a tha a dhith airson diofar phròiseactan a libhrigeadh (m.e. ùine

Applications looking to extend a project previously supported through GLAIF should clearly demonstrate the additional results expected from providing further funding.

In assessing your application, we will be looking at:

- The quality of the project and the applicant
- How well the project will deliver the aims of the authority's Gaelic Language Plan
- The level of innovation shown by the project
- The ability of the project to build partnerships between organisations and communities
- The strength of your plans to deliver the project
- The strength of your plans to assess the impact of your project
- The value for money demonstrated by the project

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

Project Requirements

Who can apply?

This fund is open to all public authorities, with priority given to those that are implementing a statutory Gaelic Language Plan, preparing a statutory Gaelic Language Plan or have been notified by Bòrd na Gàidhlig that they will be asked to prepare a statutory Gaelic Language Plan.

Schools and Arms-length organisations (ALEOs) of public authorities may apply but will be expected to demonstrate how their project will implement the aims of the Gaelic Language Plan of their parent public authority/authorities.

Organisations may submit more than one project application if they wish. However, Bòrd na Gàidhlig will aim to support as wide a range of bodies across Scotland as possible. As such, any element that is required for the delivery of multiple projects (e.g.

luchd-obrach) a bhith air a chur a-steach gu co-rèireach anns gach iarrtas, agus feumar dearbhadh cuideachadh nach eil nì air a mhaoineachadh dà thuras.

Co nach faodadh tagradh a chur a-steach?

- Daoine fa-leth
- Buidhnean coimhearsnachd
- Carthannasan
- Buidhnean coimearsalta/airson prothaid
- Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh Bòrd na Gàidhlig

Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thèid a' libhrigeadh eadar 1 Iuchar 2020 agus 31 Lùnastal 2021.

Ann an suidheachaidhean sònraichte, faodaidh iarrtas clàr-ama eadar-dhealaichte a mholadh. Feumaidh conaltradh a bhith ann air seo le oifigearan a' Bhùird agus cead a bhith air a thoirt seachad mus tèid an t-iarrtas a chur a-steach, le fianais air a thoirt seachad an cois an iarrtais.

Ìrean taic-airgid

'S e £475,000 am buidseat a thathar an dùil airson an sgeama seo. Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£25,000** agus **suas ri 80% de chosgaisean a' phròiseict**.

Ann an suidheachaidhean sònraichte, dh'fhaodadh gum faigh pròiseactan barrachd air an ìre taice as àirde far a bheil dearbhadh ann gum faodadh buaidh ro-innleachdail no fad-ùine a bhith aig seo. Feumaidh sibh cead fhaighinn bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig agus barrachd na £25,000 a shireadh, le fianais air a thoirt seachad an cois an iarrtais.

Bu chòir dhuibh dearbhadh san iarrtais agaibh an ìre de mhaoineachaidh eile a tha sibh an dùil a chur ris a' phròiseict, leis an dà chuid airgead no taic neo-ionmhasail ceadachta.

staff time) must be included proportionally in each application, whilst ensuring that there is no duplicate funding.

Who cannot apply?

- Individuals
- Community groups
- Charities
- Commercial or for-profit organisations
- Bòrd na Gàidhlig Delivery Partners

Project Timeframe

The fund will support projects which will take place and be fully completed between 1 July 2020 and 31 August 2021.

In exceptional circumstances, an application may propose an alternative timeframe. This must be discussed and permitted by Bòrd na Gàidhlig officers prior to the application being submitted, with evidence provided along with the application.

Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £475,000. Applications may be made for up to a maximum of **£25,000** and **up to 80% of project costs**.

In exceptional circumstances, projects may be awarded more than the maximum grant where it can demonstrate potential strategic or long-term benefits. Permission to apply for over £25,000 must be obtained beforehand from Bòrd na Gàidhlig officers, with evidence submitted with the application.

You should confirm your anticipated match funding as part of the application, with both cash and in-kind contributions permitted.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith de bhuidseat a' phròiseict airson a tha sibh sreadh taic a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile no prògraman maoineachadh cunbhalach aig Bòrd na Gàidhlig.

Bhithear an dùil gum bi pròiseactan a tha air taic fhaighinn tro GhLAIF a-cheana a' sealltainn adhartas ann an luach an airgid agus àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an obair na buidhne.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseact ri linn:

- Cosgaisean calpa
- Cosgaisean àite-fuirich
- Cosgaisean uidheamachd
- Co-fharpaisean
- Cosgaisean luchd-obrach no ghoireasan air an cleachdadh gus curraicealam foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh
- Buanachadh dreuchdan a th' ann a-cheana nach eil a' faighinn taic tro GhLAIF (ach ma tha iad an sàs ann am pròiseact GLAIF ùr)
- Cosgaisean ann a bhith dealbhachadh Plana Gàidhlig

Gheibh tagraichean a tha soirbheachail 80% den tabhartas iomlan aig tòiseach a' phròiseict mar as àbhaist, leis an 20% mu dheireadh às dèidh aithisg dheireannach riarachail a bhith air a toirt seachad.

Riaghailtean eile

Feumaidh sgilean Gàidhlig a bhith riatanach airson gach cothrom obrach air a mhaoineachadh tro GhLAIF.

Feumaidh an tuarastal airson gach cothrom obrach air a mhaoineachadh tro GhLAIF a bhith aig ìre de cho-dhiù [Tuarastal Bith-Beò na h-Alba de £9.30 gach uair](#).

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri oifigearan Bhòrd na Gàidhlig mu dheidhinn iarrtas sam bith airson taic le pròiseact rannsachaidh mus cuir sibh a-staigh e, le fianais den chonaltraidh an cois an iarrtais.

You must ensure that no part of the project's budget for which you are requesting support comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes or regular funding programmes.

Applications looking to extend an existing project supported through GLAIF will be expected to demonstrate improvement in value for money and normalisation of Gaelic within the organisation's work over previous applications.

We will not be able to support project costs relating to:

- Capital costs
- Accommodation costs
- Equipment costs
- Competitions
- Staff or resource costs used for delivering the Gaelic-medium education curriculum
- Continuation of employment positions that are not funded by GLAIF (unless involved in a new GLAIF project)
- Costs involved in developing a Gaelic Language Plan

Successful applications will typically receive 80% of the total grant at the start of the project, with the final 20% pending submission of a satisfactory final report.

Other requirements

All employment opportunities funded through GLAIF will be required to be Gaelic-essential.

All employment opportunities funded through GLAIF must pay a minimum of the [Scottish Living Wage of £9.30 per hour](#).

Any application for support for a research project must be discussed with Bòrd na Gàidhlig officers before an application is submitted, with evidence of such communication submitted with the application.

Aithne don Taic

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh aithne a thoirt (nuair a tha sin iomchaidh) don taic-airgid a fhuair sibh bho Bhòrd na Gàidhlig airson a' phròiseict agaibh mar pàirt den sanasachd agaibh.

Anns an iarrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh seo, m.e, a' toirt iomradh air nuair a nì sibh sanasachd air a' phròiseact, agus sibh a' cleachdadh [suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig](#) air stuthan foillsichte.

Tha fios a bharrachd air mar bu chòir taic-airgid Bòrd na Gàidhlig a bhith air aithneachadh ri fhaighinn [air an làrach-lìn againn](#).

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Bidh aig gach pròiseact soirbheachail ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a libhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad dhuinn tro aithisgean.

Bidh agaibh ri dà aithisg a chur a-steach gus an urrainn dhuinn sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseact agaibh. Bidh aithisg adhartais ghoirid a dhìth ro 31 Faoilleach 2021 a' toirt iomradh air obair a chaidh a dhèanamh agus teachd-a-steach/cosgaisean a th' air a bhith ann gu ruige sin.

Aig deireadh a' phròiseict, feumaidh sibh aithisg dheireannach a sgrìobhadh a' dearbhadh dè chaidh a choileanadh leis a' phròiseact agus le fios air mar a chaidh an taic-airgid a chosg.

Feumaidh sibh cuideachd fiosrachaidh a thional bho chom-pàirtichean sa phròiseact ri linn slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart."

Acknowledgment

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig were a source of funding for your project as part of your publicity efforts.

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of [Bòrd na Gàidhlig's logo](#) on printed materials.

Further information as to how Bòrd na Gàidhlig funding should be acknowledged is available on [our website](#).

Project monitoring and evaluation

All successful projects will be required to monitor and evaluate their project delivery and provide evidence to us through reports.

You will be required to submit two reports relating to the project to allow for monitoring. A short progress report will be due by 31 January 2021 detailing work completed and income/expenditure so far.

At the end of the project, you will be required to submit a final report to confirm what was achieved by the project and to give an outline of how the grant money was spent.

You must also collect feedback from project participants relating to the following measures identified in [Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23](#):

- More people agree with the statement "Gaelic makes a difference to my life."
- More people agree with the statement "I have enhanced my Gaelic skills."

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a’ Ghàidhlig cudromach do dh’Alba.”

Bu chòir dhuibh sealltainn san iarrtas ciamar a bhios sibh a’ tional an fhiosrachaidh.

Gheibhear teamplaid airson na h-aithisg deireannaich [air làrach-lìn a’ Bhùird](#) neo le bhith a’ cur post-d gu glaif@gaidhlig.scot

Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh’fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman.

Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a’ faotainn taic-airgid bhuan tro na sgeamaichean maoinichaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra [air-loidhne](#) agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gnìomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a’ cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a’ toirt cothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Co-ionannachd

Mar bhuidheann poblach, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig co-ionannachd a bhrosnachadh fo Achd Co-ionannachd 2010 gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman rim faighinn do dhaoine gun feart air aois, ciorramachd, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh no com-

- More people agree with the statement “Gaelic is important to Scotland.”

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

Templates for these reports [can be found on Bòrd na Gàidhlig’s website](#) or upon emailing glaif@gaidhlig.scot

Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces.

Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting [can be found online](#) and a copy of Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people.

Equalities

As a public body, Bòrd na Gàidhlig have a responsibility under the Equalities Act 2010 to promote equality to ensure that opportunities are available for people regardless of age, disability, gender reassignment, marriage or civil partnership,

pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè, taobh gnèitheasach feart dìonte sam bith eile.

Tha dealas aig Bòrd na Gàidhlig gum bi Gàidhlig ri faighinn do muinntir na h-Alba air fad.

Anns an iarrtas agaibh, bidh sinn ag iarraidh oirbh fiosrachadh a thoirt seachad air mar a bhios am pròiseact agaibh fosgailte dhan a h-uile neach, le fios sònraichte mu fheartan dìonte.

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn a' phròiseict no iarrtas agaibh air 01463 225454 no air post-d gu glaif@gaidhlig.scot

Tha fàilte air iarrtasan air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla.

Faodar tuilleadh sgrìobhainnean a thoirt dhuinn ma thogras sibh, ach cha tèid am measadh mura tèid bruidhinn orra san fhoirm-iarrtais fhèin.

Faodar [am foirm-iarrtais](#) a chur a-steach ann am post-d gu glaif@gaidhlig.scot no sa phost gu:

Sgioba Thabhartasan, Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn
Inbhir Nis, IV3 8NW

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 3f air Diardaoin 16 Giblean 2020.**

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a' chinn-là sin ach ma tha cead air toirt seachad bho Bhòrd na Gàidhlig ro làimh ann an sgrìobhadh.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

pregnancy and maternity, race, religion or belief, gender, sexual orientation or any other protected characteristic.

Bòrd na Gàidhlig are committed to ensure that Gaelic is available for all people in Scotland.

In your application, you will be asked to detail how you will ensure that your project will be open to all, with particular reference to protected characteristics.

Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your project or application on 01463 225454 or via email at glaif@gaidhlig.scot

Applications are welcomed written in either Gaelic or English.

Further supporting documentation can be provided at your discretion, although they will not be reviewed unless referenced directly in the application form.

The [application form](#) can be submitted by email to glaif@gaidhlig.scot or by post to:

Grants Team, Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road
Inverness, IV3 8NW

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **3pm on Thursday 16 April 2020.**

Applications that are submitted after this date will not be considered except if prior permission has been provided in writing by Bòrd na Gàidhlig.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

Pròiseas measaidh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bhòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad a' leantainn riaghailtean na maoinne agus a thoirt seachad fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach no gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannail de dh' oifigearan aig Bhòrd na Gàidhlig a rèir stiùireadh-measaidh, agus bidh iad a' moladh iarrtasan dhan Sgioba Stiùiridh, Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan no Bòrd-stiùiridh (a rèir an ìre taic-airgid air a mholadh) airson aontachadh aig na coinneamhan aca sa Chèitean/Ògmhios 2020.

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnaidhean air an iarrtas aca aig meadhan no dheireadh an Ògmhios 2020.

Mur eil maoinachadh gu leòr aig Bhòrd na Gàidhlig anns an Ògmhios 2020 gus taic-airgid a thabhand do gach phròiseact a fhuair sgòr-measaidh iomchaidh, faodaidh gun cuir am Bòrd dàil air a bhith a' ruighinn co-dhùnadh foirmeil air an iarrtas gus nas fhaide dhan bhliadhna-ionmhais às dèidh conaltradh leis an tagraiche.

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu glair@gaidhlig.scot no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoinneachaidh air-loidhne](#).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh cuideachd air làrach-lìn [Bhòrd na Gàidhlig](#).

Application review process

All applicants will receive an acknowledgment to confirm that Bòrd na Gàidhlig have received their application.

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to rectify this within 10 working days or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to the assessment guidance, and they will recommend to the Senior Management Team, Policy and Resource Committee or Board (depending on the level of funding recommended) which applications to approve at their meeting in May/June 2020.

All applicants will be informed of the result of their application in mid-to-late June 2020.

In the event that Bòrd na Gàidhlig does not have sufficient funding available in June 2020 to award funding offers to all projects that receive a sufficient assessment score, the Bòrd may delay a formal decision on an application until further in the financial year upon consultation with the applicant.

More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at glair@gaidhlig.scot or call 01463 225454.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online](#).

Further information can also be found on the [Bòrd na Gàidhlig](#) website.



Pàipear-taic – Stiùireadh-measaidh GLAIF 2020/21

Appendix – GLAIF 2020/21 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama. Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 10 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme. If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 10 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Iarrtas taic-airgid airson £25,000 no nas lugha (ach a-mhàin le cead ro-làimh bho Bhòrd na Gàidhlig)
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a' phròiseict ri fhaighinn
- Pròiseact air tòiseachadh rè no às dèidh an luchair 2020 (no le cead bho Bhòrd na Gàidhlig airson ceann-latha tòisichidh eile)
- Pròiseact a' crìochnachadh rè no ron Lùnastal 2021 (no le cead bho Bhòrd na Gàidhlig airson ceann-latha crìochnachaidh eile)
- Ainmean air a chur ris an iarrtas le dithis luchd-dearbhadh
- Funding request of £25,000 or under (or with prior permission from Bòrd na Gàidhlig)
- Funding request at or under 80% of total project costs
- Full projected income and expenditure outlined
- Project begins during or after July 2020 (or with alternative start date permitted by Bòrd na Gàidhlig)
- Project ends during or before August 2021 (or with alternative end date permitted by Bòrd na Gàidhlig)
- Application signed by two signatories

Molaidhean airson sgòradh / Scoring recommendations

Tha an stiùireadh seo ann gus taic a thoirt do mheasadh iarrtasan airson GLAIF 2020/21. Tha dà phàirt den stiùireadh: Buaidh a' Phròiseict agus Libhrigeadh a' Phròiseict. Thathar an dùil gum bi sgòr de 60% no nas àirde gu h-iomlan agus co-dhiù 1 airson gach slat-tomhais a dhìth airson iarrtas a bhith soirbheachail.

This guidance provides support to assessing applications for GLAIF 2020/21. There are two parts to the assessment: Project Impact and Project Delivery. It is expected that a score of 60% or more overall and of at least 1 for each measure is required for an application to be successful.

Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a' comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1	0
Gu math làidir / Very strong	Làidir / Strong	Soilleir / Clear	Lag / Weak	Gu math lag / Very weak	Gun fianais / No evidence

Buaidh a' Phròiseict

Inbhe agus freagarrachd a' phròiseict

20%

- Dè cho buannachdail agus a bhiodh am pròiseact do chleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig ann an raon an -ùghdarras phoblaich nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha?
- Dè cho dlùth agus a tha am pròiseact freagairt air stiùireadh airson na pròiseactan a tha an sgeama seo airson maoineachadh?
- Ciamar a tha an t-iarrtas a' sealltainn àbhaisteachadh na Gàidhlig san ùghdarras?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
A12, A13, B, C1

Project Impact

Project eligibility and quality

- How beneficial could the project be for Gaelic usage, learning and promotion in the public authority's remit if it was funded?
- How closely does the project relate to the guidance for projects that this fund is looking for?
- How does the application show the normalisation of Gaelic within the authority?

Particularly considering questions:
A12, A13, B, C1

A' buileachadh Planaichean Gàidhlig

10%

- Dè cho soilleir agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn mar a bhios am pròiseact a' libhrigeadh amasan Plana Gàidhlig an ùghdarras?
- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' toirt feart air mar a dh'fhaodas am pròiseact taic a chur ri libhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan eile?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B1, C1, C3

Implementing Gaelic Language Plans

- How clearly does the application show how the project will deliver the aims of the public authority's Gaelic Language Plan?
- How well does the application consider the ways in which the project can support delivery of other authorities' Gaelic Language Plans?

Particularly considering questions:
B1, C1, C3

Ùr-ghnàthachas

5%

- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn ùr-ghnàthachas a' phròiseict, gu h-àraidh a thaobh obair na buidhne agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' mìneachadh na buannachdan bhon ùr-ghnàthachas seo?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' sealltainn mar an urrainnear na toraidhean ùr a chur an gnìomh san àm ri teachd?

Ma tha an t-iarrtas seo ag iarraidh sìneadh air pròiseact a fhuair taic GLAIF a-cheana, 's e 3 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.

Innovation

- How strongly does the application demonstrate the innovation of the project, in relation to the organisation's work and the Gaelic community in general?
- How well does the application explain the results that will come from this innovation?
- How well does the application show how this innovation can be applied in future?

If the application is requesting an extension for a project previously supported through GLAIF, then the maximum score is 3.

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B1, C3, C4

A' togail com-pàirtichean

5%

- Dè cho math agus a tha am pròiseact ann a bhith ag obair leis a' choimhearsnachd ionadail?
- Dè cho math 's a tha am pròiseact ann a bhith a' dèanamh ceangal le tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta?
- Dè an uiread de cho-obrachaidh a tha an t-iartras a' sealltainn eadar an t-ùghdarras ionadail agus buidhnean eile (poblach, treas roinn no prìobhaideach)?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B1, C5

Prìomhachas an Tagraiche

10%

Thathar a moladh na sgòraichean gu h-ìosal:

- 5 – Ùghdarrasan poblach a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig reachdail
- 4 – Ùghdarrasan poblach a tha a' dealbhachadh Plana Gàidhlig reachdail
- 3 – Ùghdarrasan poblach a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig neo-reachdail
- 3 – Ùghdarrasan poblach a th' air fios fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gum feum iad Plana Gàidhlig reachdail ullachadh
- 3 – Sgoiltean agus Buidhnean Leth-eisimeileach aig ùghdarras le Plana Gàidhlig reachdail
- 2 – Ùghdarrasan ionadail as aonais Plana Gàidhlig

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
A10-13, B1

Coileanadh amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig

10%

Dè cho math agus a tha an t-iartras a' coileanadh nan amasan de bhith:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B1, C1, C2

Particularly considering questions:
B1, C3, C4

Building partnerships

- How well does the project seek to involve the local community?
- How well does the project connect with local, national and international events?
- How much co-operation is shown in the application between the public authority and other organisations (public, third sector or private)?

Particularly considering questions:
B1, C5

Priority of the Applicant

The following scores are recommended:

- 5 – Public authorities implementing a statutory Gaelic Language Plan
- 4 – Public authorities developing a statutory Gaelic Language Plan
- 3 – Public authorities implementing a non-statutory Gaelic Language Plan
- 3 – Public authorities who have been notified by Bòrd na Gàidhlig that they are to prepare a statutory Gaelic Language Plan
- 3 – Schools and ALEOs of authorities with a statutory Gaelic Language Plan
- 2 – Public authorities with no current Gaelic Language Plan

Particularly considering questions:
A10-13, B1

Delivering the aims of the National Gaelic Language Plan

How well does the application achieve the aims of:

- Increasing Gaelic usage
- Increasing Gaelic learning
- Promoting a positive image of Gaelic

Particularly considering questions:
B1, C1, C2

Lìbhrigeadh a' Phròiseict

Comas libhrigidh

10%

- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am pròiseact a libhrigeadh?
- A bheil comasan Gàidhlig math aig an sgioba a bhios a' libhrigeadh a' phròiseict?
- A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh?
- Am bi am buidseat iomchaidh airson am pròiseact a libhrigeadh gu tùr?

Mur eil am pròiseact air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gu tur no sa mhòr-chuid, 's e 4 an sgòr as àirde a dh' fhaodadh toirt seachad.

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B, D1-3

Sgrùdadh is measadh a' Phròiseict agus aithneachadh taic-airgid

5%

- Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson measadh na h-obrach aca?
- A bheil cothroman ann do chom-pàirtichean beachdan a thoirt air ais?
- A bheil e soilleir mar a bhios an tagraiche a' tionail dàta airson Plana Corporra a' Bhùird?
- A bheil an t-iarrtas a' leantainn riaghailtean airson aithneachadh taic-airgid aig Bòrd na Gàidhlig?
- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gun tèid taic-airgid aithneachadh anns gach nì iomchaidh sa phròiseact?

Mur eil an t-iarrtas ag ràdh gum bi iad ag aithneachadh Bòrd na Gàidhlig, 's e 3 an sgòr as àirde a dh' fhaodadh toirt seachad

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
E1, E2, F

Pàrantan Corporra & Co-ionannachd

5%

- A bheil an t-iarrtas a' toirt chothroman do dhaoine òga fo chùram, agus ma tha dè cho math agus a tha e ann a bhith freagairt nam feumalachdan aca?

Delivering the Project

Ability to deliver

- Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the project successfully?
- Does the team delivering the project have good Gaelic ability?
- Is it clear from the application how the work will be undertaken?
- Is the budget reasonable to deliver the project fully?

If the project is not delivered entirely or mostly delivered through the medium of Gaelic, then the maximum score is 4.

Particularly considering questions:
B, D1-3

Project monitoring, evaluation and acknowledgement of funding support

- How strong are the applicant's plans to assess their work?
- Are there opportunities for participants to provide feedback?
- Is it clear how the applicant will collect information relating to Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan?
- Does the application follow the rules for acknowledging funding support of Bòrd na Gàidhlig?
- Does the application show that funding support will be acknowledged at each appropriate point within the project?

If the application does not mention how it will acknowledge Bòrd na Gàidhlig, then the maximum score is 3.

Particularly considering questions:
E1, E2, F

Corporate Parenting & Equalities

- Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?

- A bheil an t-iarrtas a’ toirt feart air dleasan co-ionannachd agus a’ toirt chothroman do dhaoine le feartan dìante a bhith a’ dol an sàs leis a’ Ghàidhlig?

Ma tha an t-iarrtas a’ sealltainn gu bheil iad air feart a thoirt air na ceistean ach nach bi am pròiseact a’ tabhann chothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra & co-ionannachd, thoir seachad sgòr de 3.

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
G1, G2

- Does the application show awareness of responsibilities in terms of equalities and provide opportunities to engage with Gaelic for people under protected characteristics?

If the application shows appropriate consideration of the questions but that it will not specifically offer opportunities in relation to Corporate Parenting & equalities, then score 3.

Particularly considering questions:
G1, G2

Luach an airgid

20%

Value for money

- Am bi tòrr dhaoine a’ faighinn buannachd an taca ris an airgead air sireadh?
- A bheil buidseat a’ phròiseict reusanta airson a leithid agus e a’ coimhead air cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile?
- Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- Ciamar a tha am pròiseact a’ sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana?

Gu sònraichte coimhead air ceistean:
B1, B5, B6, D1-4, E1

- Will many people benefit in relation to the funding requested?
- Is the budget for the project reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources?
- Will this funding be managed and used effectively?
- How does this project show improvement over previous projects that have been awarded funding?

Particularly considering questions:
B1, B5, B6, D1-4, E1

Tabhann taic-airgid / Funding offers

Airson gach iarrtas a tha faighinn sgòr iomchaidh bhon panail-measaidh, faodaidh iad moladh suim taic-airgid a thabhann a tha nas lugha na an t-suim a chaidh iarraidh.

For each application that receives a sufficient score from the assessment panel, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum.

Às dèidh measadh agus moladh taic-airgid a chur mu choinneamh gach iarrtas, ma tha am pannail-measaidh a’ moladh cus iarrtasan airson buidseat na maoine a ghabhail, thèid taic-airgid a thabhann sa chiad àite dhan iarrtas a fhuair an sgòr as àirde (agus a tha fhathast na sgòr iomchaidh) bho gach buidheann a chur iarrtas a-staigh, agus an uair sin ris na h-iarrtasan bho na buidhnean air fad ann an òrdugh sgòraidh bhon sgòr as àirde dhan sgòr as ìsle.

After assessment of all applications, if the assessment panel recommends more applications than the fund budget can allow, funding will be first be offered to the highest-scoring application (that received a sufficient score) from each organisation that applied, and then to applications from all organisations in order of score from the highest to the lowest.